

20 Ògmhios 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Ghiblean 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil an Iar. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Chaidh Clas Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne Bun-sgoil an Iar a sgrùdadh le Coimisean a' Chùraim anns na 18 mìosan a chaidh seachad. Mar sin tha sinn air aontachadh leis an ùghdarras ionadail agus an sgoil nach eil an clas sgoil-àraich mar phàirt den sgrùdadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha an ceannard-sgoile is an sgioba-stiùiridh a' toirt seachad ceannardas fìor-èifeachdach. Tha luchd-obrach a' cumail deagh thaic ris a' cheannard ann a bhith a' cruthachadh agus a' cumail suas àrainneachd ionnsachaidh a tha àrachail is in-ghabhalach. Bidh luchd-obrach ag obair gu dlùth ri teaghlachan agus farsaingeachd de chom-pàirtichean is buidhnean gu builean a leasachadh do chloinn.
- Tha ceangal làidir aig clann ris an sgoil aca. Tha dàimhean deimhinneach agus bidh clann a' conaltradh gu math leis a chèile agus le luchd-obrach. Tha iad a' cur luach anns na cothroman a th' aca gus an ùidhean is tàlantan a leasachadh.
- 'S e adhartachadh cothromais feart làidir den sgoil mar choimhearsnachd. Tha an cuideam a tha luchd-obrach a' cur ann an dèiligeadh ri bacaidhean ionnsachaidh a' cuideachadh clann a dhol an sàs ann am beatha na sgoile. Tha seo a' fàgail buaidh dheimhinneach air com-pàirteachadh is coileanadh chloinne.
- Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig a' fàs stèidhichte gu math aig Bun-sgoil an Iar. Tha clann a' dèanamh adhartas fìor mhath ann am bruidhinn sa Ghàidhlig. Dhan chloinn a tha ag ionnsachadh tro Bheurla, tha an curraicealam a' leudachadh tro ionnsachadh mu chànan is chultar na Gàidhlig.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Siorrachd Rinn Friù.

- Cùm oirbh a leasachadh barrachd mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg. Bidh seo a' cuideachadh a dhèanamh cinnteach à deagh-astair is dùbhlàn a bhios a' comharrachadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Bu chòir do luchd-obrach cur ris na cothroman a th' ann do chlann barrachd uallach a ghabhail airson an ionnsachadh fhèin a stiùireadh, a' togail air a' chleachdadh a th' ann mar-thà.
- Cùm oirbh a' toirt nam prìomhachasan sgoile a th' air an comharrachadh mar-thà agus nan eadar-theachdan a th' air am planadh air adhart gus coileanadh chloinne àrdachadh tuilleadh.

- Cùm oirbh a' dèanamh cheanglaichean dlùtha ris an ùghdarras ionadail gus Foghlam Meadhan Gàidhlig a thogail bho sgoil-àraich tro gach ìre ionnsachaidh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagra\)](#). Bidh taisbeanairean càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil an Iar

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math

Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig:
[Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#), Pàipear-taic 3: [An sgèile sia-puing](#)

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Charles Rooney
Neach-sgrùdaidh an Rìgh